

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 7 | 2013 | AN T-IUCHAR

Facal Toisich

Le innealachd an latha an-diugh 's iomadh rud a nì duine gun an taigh fhàgail. Faodaidh tu rudan a cheannach air a' choimpiutair gun do chas a chur am broinn na bùtha. Thig iad thugad leis a' phost no ann an carbad a ruigeas do dhoras. Tha bùth mhòr anns an Oban agus tha aon deug de charbadan aca a shiùbhlas feadh Earra Ghàidheal a' tadhal air dachaighean le stuth a chaidh òrdanachadh air an eadar-lìon. Bidh mi fhèin tric a' ceannach leabhraichean, seann fheadhainn agus feadhainn ùra, anns an dòigh seo a chionn nach eil e furasta dhomh a dhol gu bùithean anns na bailtean mòra ach ainneamh.

Tha fios gu bheil na goireasan a tha againn nar latha 'nan cuideachadh mòr do dhaoine a tha a' fuireach ann an ceàrnaidhean iomallach, gu h-àraidh ma tha iad ceangailte rin dachaighean le seann aois no dìth slàinte.

Ach tha e fìor mu gach adhartas ùr, gu bheil call agus buannachd 'nan cois. Tha e 'na bhuannachd do dhaoine a tha glaiste 'nan dachaighean gum faod iad rudan fhaighinn le bhith a' cur gan iarraidh air an eadar-lìon. Bidh eaglaisean ann a bhios a' toirt nan seirbheisean gu daoine air clàr nuair nach eil e comasach dhaibh fèin a bhith a' dol don adhradh mar a chleachd. Tha àiteachan ann far am faod daoine an t-seirbheis a tha a' dol air adhart anns an eaglais fhaighinn beò am broinn an taighe.

Ach a bheil sinn a' call rud-eigin le teicneòlas na linne seo? Chan eil e fallainn gu bheil daoine a' cur seachad ùine mhòr air beulaibh sgàilein, gun a bhith a' faicinn duine beò o mhoch gu dubh. Bidh feadhainn a' cur luach air làithean a bhith aca am measg nam beann no ann an eilean iomallach gun cheangal a bhith aca ri coimpiutair no na h-innealan eile a tha cho pailt an-diugh.

Math agus gu bheil e a bhith ag èisteachd ri seirbheis air an ràdio no air an telebhisean, 's e rud eadar-dhealaichte a tha ann a bhith ann an taigh-adhradh ann an cuideachd dhaoine eile. Tha co-chomann againn ann an ùrnaigh, ann an seinn, anns a' chonaltradh an dèidh na seirbheis, a tha dlùth agus pearsanta. Bha Pòl a' toirt rabhaidh do chreidmich anns an linn anns an robh esan beò gun a bhith a' dèanamh dearmaid air a bhith a' tighinn cruinn ann an cuideachd a chèile. Gheibh sinn neart agus misneachadh o bhith a' coinneachadh ri creidmich eile.

**Gach beannachd gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



'S e fìor sheann eaglais a tha againn air a' mhìos seo. Seo an tobhta aig Teampall Mhoire ann am Pabaigh ann an Caolas na Hearadh, a thogadh math dh'fhaodhte anns an t-siathamh linn deug. Ri a taobh tha na tha air fhàgail de sheann eaglais eile, an Teampall Beag, a tha a' dol air ais nas fhaide ann an eachdraidh. Chan eil fios cuin a sguir sluagh an eilein a bhith ag adhradh anns an eaglais seo. Chùm am Fear-deasachaidh seirbheis phòsaidh anns an t-seann eaglais seo mu dhà fhichead bliadhna air ais, a' cheud phòsadh a bha ann am Pabaigh bho chionn corr is ceud gu leth bliadhna.

Cùil Nan Ceist

'S e an t-luchar a chanas sinn ris a' mhìos seo. Tha e air a ràdh gur e "am mìos blàth" as ciall don ainm seo. An turas seo 's ann mu bhlàths a tha na ceistean às a' Bhìoball a tha sinn a' cur oirbh. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a shin e fhèin sìos air an leanabh mharbh agus dh'fhàs 'fheòil blàth a-rithist? (2 Rìgh, caibideil 4.)
2. Lìon a' bheàrn - 'Mura do bhlàthaicheadh e le ----- mo chaorach". (Iob, caibideil 31.)
3. Cò a bha ga bhlàthachadh fhèin? (Marcus, caibideil 14.)
4. Dè an t-eun a bhlàthaicheas a h-uighean anns an duslach? (Iob, caibideil 31.)

Searmon Gàidhlig an Ard-sheanadh – 1

Annas a' chuibhreann a leugh sinn anns an darna caibideil de litir Phòil a chum nam Philipianach, tha na briathran seo againn aig a' chòigeamh rann – **Coileanaibh mo ghàireachas, gum bi sibh a dh'aon inntinn, a dh'aon ghràdh, a dh'aon toil agus a dh'aon bhreithneachadh...Uime sin, biodh an inntinn cheudna annaibhse, a bha ann an Iosa Crìosd.**

Tha fios againn gu robh an t-abstol Pòl 'na phrìosanach anns an Ròimh nuair a sgrìobh e an litir seo. Cha robh cùisean idir furasta dha. 'S maite nach robh mòran de chofhurtachdan dachaigheil aige, agus bha e da-rìreabh ann am fìor chunnart a bheatha, oir bha ceannard na Ròimhe, Nero, a' dèanamh sgrios follaiseach air Crìosdaidhean aig an àm.

Bhiodh e glè fhurasta don abstol Pòl a bhith trom-chridheach anns an t-suidheachadh chruaidh seo. Bhiodh e glè fhurasta dha a bhith feargach ri Dia airson na nithean seo a cheadachadh. Bhiodh e glè fhurasta dha a bhith gearaineach mu dhèidhinn nan àmghairean a bha aige ann a bhith 'na sheirbheiseach do Chrìosda. Bhiodh e glè fhurasta dha a mhisneach a chall, a dhreuchd a leigeil dheth agus coimhead ri seirbheis eile far am biodh beatha na bu shaorsainneile aige. Ach cha b'ann mar sin a bha inntinn Phòil ag obair idir. Bha a smuaintean-san stèidhichte air na nithean a tha math. Gu h-àraidh, bha e a' tuigsinn cho cudthromach is a bha e gum biodh aonachd am measg nan Crìosdaidhean. Bha e a' guidhe gum biodh iad a dh'aon inntinn, a dh'aon toil agus a dh'aon bhreithneachadh.

Is e an-diugh Latha Sàbaid na Caingeis, no "Pentecost", agus tha e iongantach a thoirt fa-near nam briathran a tha againn ann an Leabhar Gnìomharan nan Abstol, an darna caibideil, agus bhon cheud earrann: Agus nuair a thàinig latha na Caingeis, bha iad gu lèir a dh'aon inntinn ann an aon àite. *Agus thàinig gu h-obann toirm o nèamh, mar shèideadh gaoithe ro-thrèin, agus lion i an taigh anns an robh iad 'nan suidhe....agus lionadh iad uile leis an Spiorad Naomh.*

A chionn gu robh iad a dh'aon inntinn, thàinig cumhachd Dhè

a-nuas bho nèamh agus fhuair iad comasan spioradail nach biodh aca 'nan neart fhèin. Bhon an seo tha e air innse gun do *rinneadh mòran de mhìorbhailean agus de chomharraidhean leis na h-abstoil...a' moladh Dhè, agus deagh-ghean aca on t-sluagh uile. Agus chuir an Tighearna gach latha ris an eaglais an dream a theàrnar.* (Gnìomharan 2:43,47)

Tha teagasg làidir air feadh a' Bhìobaill gu bheil aontachd am measg sluagh Dhè 'na bhunait air beannachd agus fàs, gu pearsanta agus mar eaglais.

Bho àm gu àm, bidh mi fhèin a' dol a choimhead Ross County a' cluich ball-coise. Tha làithean air leth toilichte air a bhith againn mar luchd-leantainn. Trì bliadhna air ais shiubhail sinn mar theaghlach gu Pàirc Hampden nuair a fhuair iad gu cuairt dheireannach Cupa na h-Alba. Ged a chaill iad, bidh cuimhne againn gu bràth air an taic iongantach a fhuair an sgioba, le faisg air fichead mìle neach gu h-aon ghuthach gam misneachadh. Samhradh an-uiridh, bha latha air leth aoibhneach againn ann an Inbhir Pheofharain nuair a bhuannaich an sgioba a' Cheud Roinn agus a ghlèidh iad an àite anns an SPL. Abair gu robh sluagh an làthair anns na làithean sin – nuair a bha grian an t-samhraidh a' deàrsadh agus an sgioba a' soirbheachadh. Ach ann am fuachd a' gheamhraidh, agus nuair nach eil an sgioba a' dèanamh cho math, chan eil faisg uibhir ri fhaicinn a' toirt taic don sgioba – aig an dearbh àm is a tha iad a' cur feum air misneachd mhòr. Càit a bheil am fichead mìle anns na h-amannan sin?

A-nis tha e cinnteach gu bheil beachdan eadar-dhealaichte am measg Chrìosdaidhean air iomadh cuspair. Tha sin nàdarra gu leòr, agus aig Ard-sheanadh na bliadhna seo, mar anns gach Ard-sheanadh roimhe seo, bidh beachdan eadar-dhealaichte am follais.

(Seo a' chuid chuibhreann den t-searmon a thug an t-Urr. Dòmhnall MacSuain seachad aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanadh anns a' Chèitean. Bidh an darna pàirt againn air an ath mhios.)

Leabhraichean

Fo ghrunn sheallaidhean 's e leabhar sònraichte a tha seo. Tha e sònraichte an toiseach a chionn gu bheil e gu lèir ann an Gàidhlig, Gàidhlig shiùbhil Uibhist. Anns a' bhitheantas bhiodh leabhar sgoilearach mar seo sgrìobhte ann am Beurla, ach tha e 'na chomharraidh air an inbhe a tha aig ar cànan nar latha gu bheil an dà cheud gu leth duilleag anns a' Ghàidhlig.

Tha an leabhar sònraichte cuideachd a chionn gu bheil am fiosrachadh a tha ann air a tharraing on fhianais aig daoine a bhuineadh do dh'Uibhist a Tuath a bha agus a tha mion-eòlach air eachdraidh agus beul-aithris an eilein. Chan eil cuspair co-cheangailte ri dòigh-beatha an t-sluaigh nach lorg sinn air na duilleagan seo.

Chan eil an leabhar grinn seo aig Maighread Challan a' dèanamh dearmaid air beatha spioradail sluagh Uibhist a Tuath. Mar a tha i

Air Bilean an t-Sluaigh: Sealladh air Leantalachd Beul-Aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath
Maighread A. Challan
(Clò Ollsgoil na Banrìona, Beul Feirste. £30)

fhèin a' sgrìobhadh: "Bha an Creideamh Crìosdail, agus na cleachdaidhean adhradh a tha 'na lùib, aig cridhe dualchas Gàidhlig na Gàidhealtachd."

A bharrachd air an rosg a tha anns an leabhar, tha rudan eile ga fhàgail luachmhor – na seann dealbhannan a tha ann a tha a' toirt seallaidh air dòigh-beatha nach eil ann an-diugh, agus na pìosan bàrdachd a gheibhear aig an deireadh.

Tha torr leughaidh anns an leabhar seo. Cuiridh e an leughadair gu smaoinichadh mu bheairteas ar dualchais mar Ghàidheil, agus mun chall eagalach a bhios ann ma leigeas sinn le ar cainnt agus ar cleachdaidhean a dhol fodha. Tha ar taing aig Maighread Challan airson obair cho mionaideach a dhèanamh agus leabhar cho tlachdmhor a thoirt am follais. Ged nach eil an leabhar seo saor, tha fiach an airgid ann is corr.

Sluagh an Tighearna a' dol Dhachaigh

Tha an sluagh seo dol dhachaigh
Don dùthaich as fheàrr,
A dh'ionnsaigh a' bhaile
Far 'eil cuideachd na slàint'.
Fhuair iad an gealladh
Fo fhrithealadh gràis,
Cha bhi crìoch air an t-sonas
No briseadh air slàint'.

Mar chriadh às an àbhainn
Chaidh an togail gu h-àrd,
'S chaidh an càradh air leacan
'S an cumadh gun dàil;
'S bidh iomhaigh ar Caraid
Gu seasmhach 'na àit',
'S bidh ghlòir aig ar n-Athair
'S bidh na soithichean slàn.

Chaidh an treud seo air seachran
Air machraichean lom,
Gun fhasgadh on doinninn,
'S gun uisge sa ghleann;
Ach thàinig cobhair roimh fheasgar,
'S an àite gearain, bha seinn,
Oir 's e uisge na carraig
Thug an taiseachadh dhaibh.

Fhuair iad lòn a bha sgoinneil
Air madainn an cuairt
Nach do dheasaichear le duine,
'S nach do cheannaichear le luach;
Nuair dhùisg iad sa bhaile
Seo an naidheachd thug buaidh,
Gu robh màna a' gheallaidh
'Na laighe mun cuairt.

Fhuair iad ol' air an turas
Nach teirig a chaoidh
Ann an soithichean falamh
'S gealladh 'na lùib;
'S bha na lòchraim a' lasadh
Mar choinneal san oidhch'
Toirt solais don anam
Bha siubhal tron ghleann.

Fhuair iad treòrachadh soilleir
Bho na creidmhich bha treun
A rinn làrach sa bhaile
Len còmhradh 's len ceum;
'S air Sàbaid 's air seachdain
Rinn iad fair' air an treud,
'S fhuair iad an t-aiseag
Nuair ruith iad an rèis.

Tha an sluagh seo dol dhachaigh
Don dùthaich as fheàrr,
A dh'ionnsaigh a' bhaile
Far 'eil cuideachd na slàint'.
Fhuair iad an gealladh
Fo fhrithealadh gràis,
Cha bhi crìoch air an t-sonas
No briseadh air slàint'.

Rinneadh an laoidh seo leis an Urr. Uilleam MacLeòid, a tha an-diugh a' fuireach ann am Barabhas Uarach. Ann an 2006 leig e dheth a dhreuchd mar mhinistear ann an Uige Leòdhais, far an robh e a' saothreachadh o 1964.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Agus is is seo an fhianais, gun tug Dia dhuinn a' bheatha mhaireannach." Tha na

faclan sin ann an ceud litir Eòin, an còigeamh caibideil, aig an aona rann deug. (1 Eòin 5:11.) Thug Dia beatha dhuinn. Is Esan ar Cruthaidhear. Ann an Iosa Crìosd tha tiodhlac eile aige dhuinn. Ann an Crìosd tha beatha mhaireannach againn. Thug Esan buaidh air cumhachd a' bhàis. Thubhairt E ris na deisciobail gun toireadh iadsan buaidh air a' bhàs cuideachd. Thubhairt Iosa, "Do bhrìgh gu bheil mise beò, bidh sibhse beò mar an ceudna."

Is toigh leam a bhith a' coimhead air na h-eòin a tha timcheall oirnn an seo. Tha feadhainn dhù 'nan eòin chladaich. Chì sinn an

trilleachan, a' chorra ghrìdheach agus a' ghuilbneach, a h-uile latha. Cluinnidh sinn iad cuideachd. Tha eòin eile a bhios a' tighinn faisg air an taigh. Bidh sinn gad biadhachd. Tha eòin àbhaisteach ann. Ach an-dràsda agus a-rithist chì sinn eòin nach eil idir cho cumanta. Am bliadhna chunnaic sinn eun beag le dath dearg air a bhroilleach agus air mullach a chinn. 'S e a tha an seo am bricean-beithe. Chan fhaic sinn cho tric e na taobhannan seo. Ach tha a h-uile eun brèagha 'na dhòigh fhèin. Tha iad a' toirt oirnn a bhith a' moladh Dhè airson obair a' chruthachaidh.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Tha an seillean fo dhion – thig gailleann is sian." (The bee is under shelter; a

storm and bad weather will come.) Fòghlamaidh sinn mòran o na h-eòin agus o na h-ainmhidhean. Thubhairt Iosa sin ris na deisciobail. Ma choimheadas sinn air na rudan a bhios ainmhidhean a' dèanamh tuigidh sinn dè an aimsir a bhios ann. Gabhaidh na seillein fasnachd nuair a tha droch shìde a' tighinn. Chan eil na seillein cho pailt anns na bliadhnan seo. A bheil an aimsir ag atharrachadh? A bheil na samhraidhean a' fàs nas fhuaire? No a bheil daoine mì-chùramach, a' cleachdadh stuthan a nì cron air obair nàdair?

Dè a bhios a' toirt oirnn a bhith a' togail ar cridhe ma tha sinn tùrsach? Gheibh cuid neart le bhith ann an cuideachd

dhaoinè eile. Bheir e togail do dh'fheadhainn eile a bhith ag èisteachd ri ceòl, guth seinneadair no inneal-ciùil. Tha iomadh cuibhreann anns a' Bhìoball a thogas ar cridhe. Bha an salmadair eòlach air aobhneas agus air bròn. Bheir e cuideachadh dhuinn a bhith a' leughadh nan salm. Tha sailm ann far a bheil an salmadair a' tòiseachadh le cridhe brònach. Ach tha e a' cuimhneachadh air a bheannachdan. Tha e a' togail a shùilean ri Dia. Mus ruig e deireadh an t-sailm tha am bròn a' teicheadh. Tha òran ùr aige, òran aobhneis.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

AIR AN ADHAR

Cluinnidh sinn *Dèanamaid Adhradh* air Radio nan Gàidheal gach Didòmhnaich air a' mhìos seo aig naodh uairean anns a' mhadainn agus trì uairean feasgar. (Agus na dìochuimhnich an t-seirbheis o thasglann a' BhBC aig naodh uairean.) Air a' cheud Sàbaid bidh an t-Urr. Ragnall Moireastan on Eaglais Shaoir air ceann na seirbheis. Air an darna Didòmhnaich bidh an t-Urr. Coinneach Dòmhnallach (Eaglais Shaor Leantaineach Sgalpaigh) a' craoladh. Air an treas Sàbaid bidh an t-Urr. Uistean Stiùbhairt, Eaglais na h-Alba Uige agus Bheàrnaraigh, a' searmonachadh, agus Mgr. Cailean MacAonghais air a' cheathramh Sàbaid. 'S e ath-chraoladh a tha anns na prògraman seo. Tha sinn a' cur mealadh-naidheachd air Mgr. Stiùbhart, a phòs bho chionn beagan mhìosan.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist co-cheangailte ri blàths a chuir sinn oirbh. 1. Elisa. 2. Lomradh. 3. Peadar. 4. An struth. Tha e iongantach nach tha againn de dh'ainmeannan Gàidhlig air eòin agus ainmhidhean annasach.

RANN

*Tha smùdan fhèin à ceann gach fòid
Is dòrainn ceangailt' ris gach math;
Tha 'n ròs a' fàs air drisibh geur,
'S an taic a chèil' tha 'mhill's an gath.*

Seo ceathramh leis a' bhàrd ainmeil, Dùghall Bochanan, air am bi cuid mhath den luchd-leughaidh nan *Duilleag* ainmean. Tha na faclan anns an dàn, *Am Bruadar*. Tha am bàrd a' teagasg gu bheil mìlseachd agus searbhadas fuaighte ri chèile ann am beatha an duine anns an t-saoghal seo. 'S e seanfhacal a tha anns a' cheud sreath den rann.



Bha tùr-cluig mar seo air na h-eaglaisean Pàrlamaid a chaidh a dhealbhadh le Tòmas Telford agus a thogadh eadar 1824 agus 1830. Chaidh a dhà dheug thar fhichead de na h-eaglaisean "Pàrlamaid" seo a thogail air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, a bharrachd air dà fhichead agus aon mansa. Bha clag mar seo ann an eaglais Bheàrnaraigh, agus air latha socair samhraidh bha e air a ràdh gun cluinneadh daoine ann an ceann a deas na Hearadh fuaim a' chluig.

SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

Bha am Moderàtor an-làthair aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh ann an Eaglais nam Manach Liath. Bha e comasach dhi an searmon aig an Urr. Dòmhnall MacSuain a leantainn a chionn gun d'fhuair an fheadhainn aig nach robh Gàidhlig eadar-theangachadh Beurla. Rinn Dòmhnall Iain Dòmhnallach, fear de bhuill a' choitheanail Ghàidhlig, na leughaidhean. Chaidh an t-Urr. Coinneach D. MacLeòid an ceann na h-ùrnaigh agus a' togail an fhuinn bha Alasdair MacLeòid. An dèidh na seirbheis bha biadh agus conaltradh ann.

ADHBHAR GAIRE

Nuair a bha an t-Urr. Iain MacLeòid 'na mhinistear anns an Oban bhiodh e glè thrang air an t-Sàbaid. Mar bu trice bhiodh trì seirbheisean aige Didòmhnaich. Air Sàbaid àraidh gach mìos bhiodh e air ceann chòig seirbheisean. Ach bha aon Sàbaid ann nuair nach biodh aige ach dà sheirbheis. Air an latha sin bhiodh fear de na h-eildearan ag ràdh ri Mgr. MacLeòid, "Seo an latha dheth agaibh."

Urnaigh

A Dhè naoimh,
ann an solas do naomhachd
tha sinn a' faicinn cho dorcha
agus cho mì-naomh agus a tha sinne.
Ach a dh'aindeoin ar neo-airidheachd
tha Thusa gar cuireadh
gu bhith a' dèanamh seirbheis dhut.
Cruthaich nar cridhe miann
gu bhith nas naoimhe
ann an smuain, ann am facal agus ann an gnìomh.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh air an Ath Leathann
anns an Eilean Sgiathanach.
Tha seann eachdraidh
co-cheangailte ri sgìr an t-Srath.
Bha an t-Urr. Niall MacFhionghain
'na mhinistear anns an t-Srath
cho fada air ais ris a' bhliadhna 1627.